

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Weem (1)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [fios@learngaelic.scot](mailto:fios@learngaelic.scot). This is Litir 1,189. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 885 corresponds to Litir 1,189.*

As t-fhoghar an-uiridh, bha mi ann an àite ann an Siorrachd Pheairt ris an canar *Weem* ann am Beurla. 'S dòcha nach eil e follaiseach sa mhionaid gur e ainm Gàidhlig a th' ann. Ach, coltach ris a' mhòr-chuid de dh'ainmean-àite ann an seann Ghàidhealtachd Siorrachd Pheairt, tha tùs Gàidhlig aige. 'S e sin am facal *uamh* no *uamh*, a' ciallachadh 'cave'.

Air a' chiad shealladh, tha e doirbh fhaicinn gu bheil ceangal ann eadar *uamh* agus *Weem*. Ach 's e facal boireanta a th' ann an *uamh*. Mar sin, bidh sinn ag ràdh **anns an uaimh**. Agus tha mi an dùil, ceudan bhliadhnaichean air ais, gun tuirt daoine 'anns an uaim'. Tha am facal a-nise **sèimhichte** aig an deireadh.

Tha an t-Àrd-ollamh MacBhàtair ag innse dhuinn anns an leabhar mhòr aige *The Celtic Place-Names of Scotland* gun robh an 'ua' aig toiseach an fhacail air fhuaimneachadh mar 'wa'. Tha e ag ràdh gun cuala e fhèin an dearbh rud ann an ceann a tuath Siorrachd Pheairt, mar eisimpleir 'dunnie-wassal' airson 'duine uasal'. Mar sin, 's iongantach mura robh daoine ag ràdh anns an t-seann aimsir 'sa uaim' airson 'in the cave'.

Bha mi airson faighinn a-mach dè a' Ghàidhlig a th' air *Weem* anns an latha an-diugh. Chaidh mi don leabhar aig an Ollamh Jacob King a tha làn ainmean-àite a chaidh a chruinneachadh leis an Urramach Teàrlach MacDhonnchaidh. Tha esan ag innse dhuinn gur e a' Ghàidhlig a th' air an àite *Uaimh*. Chan e 'An Uaimh', dìreach *Uaimh*. Agus carson a tha beachd MhicDhonnchaidh cho cudromach? Tha, a chionn 's gur e fìor sgoilear a bh' ann – agus a chionn 's gun do thogadh e anns an sgìre sin, dìreach beagan mhiltean sìos Srath Tatha.

Air cùl *Uaimh* tha creag mhòr air a bheil *Weem Rock* ann am Beurla, *Creag Uaimh* ann an Gàidhlig. Faisg air làimh tha caisteal air a bheil *Castle Menzies* ann am Beurla. 'S e a' Ghàidhlig a th' air sin *Caisteal Uaimh*.

Tha *Creag Uaimh* còmhdaichte le coille ris an canar *Weem Wood*. 'S e àite snog a th' ann le ceum-coiseachd a' ruith troimhe. Tha soidhne anns a' choille a tha ag innse dhuinn gu bheil òran ann air a bheil *Òran Chreag Uaimh*. Seo na tha air an t-soidhne: *Chaidh caileag a-staigh don uaimh an seo a' sir' laoigh. Chual' a piuthar a guth a' seinn:*

*Tha na naoi glasan iarainn*

*Eadar mise 's dol dhachaigh.*

*'S e fear a' chleòc dheirg*

*A tha gam bhacadh.*

Bha mi airson faighinn a-mach dè thachair anns an uaimh! Chaidh mi do na notaichean aig MacDhonnchaidh. Tha esan ag innse dhuinn gu bheil dà uaimh air Creag Uaimh. Feumaidh mi aideachadh nach fhaca mi an dàrna tè.

Tha an ceum-coiseachd a' dol don chiad uaimh. Tha i gu h-àrd air creag ris an canar *Creag an t-Seipeil 'The Chapel Rock'*. Chan eil an uamh mòr idir, ach tha tobar ri a taobh. Mar sin, bhiodh uisge ann do dhuine a bhiodh ag iarraidh fuireach anns an uaimh. Agus, a rèir beul-aithris, bha Naomh Cùithbeart a' fuireach innnte anns an t-seachdamh linn. Ach a' chlann-nighean? Tuilleadh orrasan an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** Siorrachd Pheairt: *Perthshire*; tùs: *origin*; boireanta: *feminine*; còmhdhaichte: *covered*; soidhne: *sign*; ceum-coiseachd: *walking path*; Naomh Cùithbeart: *Saint Cuthbert*; a' chlann-nighean: *the girls*; tuilleadh orrasan: *more on them*.

**Abairtean na Litreach:** As t-fhoghar an-uiridh: *in the autumn last year*; 's dòcha nach eil e follaiseach sa mhionaid: *perhaps it's not immediately obvious*; air a' chiad shealladh: *at first sight*; ceudan bhliadhnaichean air ais: *hundreds of years ago*; tha an t-Àrd-ollamh MacBhàtair ag innse dhuinn: *Professor (W. J.) Watson tells us*; 's iongantach mura robh daoine ag ràdh anns an t-seann aimsir: *I reckon people were saying in olden times*; a chaidh a chruinneachadh leis an Urramach Teàrlach MacDhonnchaidh: *that were collected by the Rev Charles Robertson*; a chionn 's gun do thogadh e anns an sgìre sin, dìreach beagan mhìltean sìos Srath Tatha: *because he was raised in that area, just a few miles down Strathtay*; àite snog a th' ann le ceum-coiseachd a' ruith troimhe: *a lovely place with a walking track running through it*; chaidh caileag a-staigh don uaimh an seo a' sir' laoigh: *a girl went into the cave here looking for a calf*; chual' a piuthar a guth a' seinn: *her sister heard her voice singing*; naoi glasan iarainn: *nine iron locks*; 's e fear a' chleòc dheirg a tha gam bhacadh: *it's the man of the red cloak that is stopping me*; tha tobar ri a taobh: *there is a well beside it*.

**Puing-chànain na Litreach:** bidh sinn ag ràdh **anns an uaimh**. *We say in the cave.* Because uamh is a feminine noun it becomes slenderised in the dative singular case (following an adjective) so we say anns an uaimh. This goes part of the way to explaining why it gave the anglicised (or Scots language) form weem. In some places uamh has become uaimh, showing the slenderisation also in the nominative case, and this is the situation with the place-name Weem near Aberfeldy which is Uaimh in Gaelic.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** Tha am facal a-nise **sèimhichte** aig an deireadh: *the word is now lenited at the end*. Sèimheachadh is the Gaelic for lenition as in the change of 'm' to 'mh'.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA